



Tìotal: Meadhanan Sòisealta: Naidheachdan fuadain/Daoine neò-fhìor

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

| Eòlasan/Builean | Slatan-tomhais |
|---|--|
| <p>Tha fios agam gum faod cultar cumanta an latha an-diugh, na meadhanan agus beachdan mo cho-aoisean buaidh a thoirt air mar a tha mi a' faireachdainn mum dheidhinn fhìn agus a' bhuidh a dh'fhaodas a bhith aig seo air mo dhol-a-mach. HWB3-46b</p> <p>Tha fios agam far am faigh mi taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhìol agus tha mi a' tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhìon bho dhiofar sheòrsaichean droch-dhìol. HWB3-49b</p> | <ul style="list-style-type: none">• A' dèanamh measadh air mar a tha na meadhanan, a' gabhail a-steach mheadhanan sòisealta agus pornografaidh a' toirt buaidh air slàinte bodhaig agus slàinte inntinn.• A' sealltainn tuigse den taic a tha ri fhaotainn agus den lagh timcheall air diofar sheòrsaichean droch-dhìol, me milleadh buill-ghineamhainn nam ban (FGM), droch-dhìol san dachaigh, grumadh, dubh-shaothrachadh fheiseil chloinne. |

Amasan ionnsachaidh

- Gum faic daoine' òga an t-eadar-lìon mar rud deimhinneach a tha spòrsail agus a tha na chuideachadh dhan ionnsachadh aca.
- Gum meòraich daoine' òga air an giùlan air-loidhne.
- Gun cruthaich daoine' òga dòigh beachdachaidh bhreithneachail air fiosrachadh a chì iad air-loidhne.
- Gun aithnich daoine' òga giùlan droch-dhìolach ann an suidheachaidhean air-loidhne.
- Gun ionnsaich daoine' òga dòighean siridh taic.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air na bhios mi a' dèanamh air-loidhne.
- Tha mi a' tuigsinn gum feum mi planaichean airson a bhith sàbhailte nuair a tha mi air-loidhne.
- Tha fios agam gu bheil naidheachdan fuadain air-loidhne.
- Tha fios agam gum bi daoine gan giùlan fhèin mar charaidean ach gum faod iad atharrachadh gu bhith nan cunnart dham shàbhailteachd agus dham shunnd.
- Tha fios agam càit am faigh mi taic.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- How to spot misinformation/Full Fact Toolkit <https://fullfact.org/toolkit/>
- Say No! (faid 10 mion. 39) bho PDST Technology in Education air Vimeo aig <https://vimeo.com/251474753>
- Listen to your selfie <https://youtu.be/TcMd468Pqbs> (3 mion. 16)
- Building confidence after online bullying <https://youtu.be/9HocoOVVUDY> (2 mhion. 52)

NÒTA: Bhiodh e feumail airson a' ghnìomh seo nan dèanadh na daoine' òga smaoineachadh/beachdachadh nuair a tha iad air-loidhne. Faic cunntas air a' ghnìomh. Ann an 'stuthan a bharrachd' tha sinn cuideachd a' comharrachadh goireasan sgioba CEOP Education a bhiodh 's dòcha nam buannachd dha na daoine' òga a thaobh Live Streaming.

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

Ron t-seisean: Sna lathaichean no tron t-seachdain mus libhrig thu an seisean seo inns dha na daoine òga gum bi iad a' bruidhinn mu na meadhanan sòisealta – gu h-àraid air na dh'fhaodas a bhith fuadain. Iarr orra a bhith faiceallach san ath latha no dhà feuch an aithnich iad stuthan a dh'fhaodadh a bhith fuadain – sgeulachd no rud a tha daoine a' sgaoileadh a tha iad a' smaoinichadh/a tha fios aca a tha fuadain. Thèid iarraidh orra innse do dhaoine eile mun seo nuair a choinnicheas sibh.

- Tòisich an seisean** le bhith ag innse gu bheil i mu bheatha dhaoine òga air-loidhne – mu mar a bhios iad a' dèanamh an slighe timcheall air an eadar-lìon agus ga chleachdadh airson spòrs, a' dèanamh ceangal ri daoine eile agus a' faighinn fiosrachadh air gnothaichean. Uile le *fòcas air na tha fuadain – fiosrachadh no daoine*.
- Puingean còmhraidh.** Cleachd an ath sheata shlaighdean, fear mu seach, airson còmhraidh agus deasbad. Ro gach earrann tha ceist ga cur. Tha gach freagairt/earrann a' tighinn bho dhiofar phìosan rannsachaidh no artaigilean a chaidh a sgrìobhadh mu dhaoine òga agus a bhith air-loidhne. Dè tha daoine òga a' smaoinichadh? Ciamar a tha na freagairtean a' freagairt orrasan? Tha a' cheist mu dheireadh a' faighneachd: A bheil thu toilichte leis na tha thu a' cosg de dh'ùine air-loidhne?

Puingean còmhraidh

- Tha e air innse gum bi deugairean a' cur seachad barrachd 's 30 uair air-loidhne gach seachdain.
 - Dh'fhaodadh còrr 's an treas cuid de dheugairean de dh'aois 15 an aithneachadh mar luchd-cleachdaidh a tha anabarrach tric air an eadar-lìon (6+ uairean de chleachdadh gach latha) tòrr a bharrachd na dùthchannan Eòrpach eile.
 - Bidh 40% de dh'inbhich a' coimhead air a' fòn aca sa chiad 5 mionaidean an dèidh dhaibh dùsgadh.
 - Faodaidh mòran bhuannachdan a bhith am measg nam meadhanan sòisealta do dhaoine òga ach an cois sin tha cuideam a bharrachd an lùib a bhith beò fa chomhair an t-sluaigh, a' sireadh ath-mhisneachadh bho *likes* agus *shares*, agus a' faicinn gnothaichean a dh'fhaodadh a bhith cronail no nan adhbhar troimh-a-chèile. *A bheil thu toilichte leis na tha thu a' cosg de dh'ùine air-loidhne?*
- Naidheachdan fuadain.** Tòisich le bhith ag innse gur e fear de na h-uallaichean as motha a th' air daoine a bhios a' cleachdadh an eadar-lìn gu tric a bhith faiceallach mu na tha fìor agus nach eil. Chaidh iarraidh air daoine òga smaoinichadh mun seo ro-làimh – ma tha iad air seo a dhèanamh, iarr eisimpleirean orra. Mura do rinn iad e, dh'fhaodadh iad greiseag a chur seachad air na fònaichean/tablaidean aca a' lorg stuth nach eil fìor nam beachd-san. Seall an slaighd, le deasbad mu gach earrann.

Tha a' bhuidheann UK Safer Internet Centre ag innse gu bheil:

- 2 às gach 5 de dhaoine òga air naidheachdan fuadain fhaicinn air-loidhne.
- Còrr 's an dara leth (54%) de dhaoine òga aois 12-15 a' faighinn naidheachdan air-loidhne, an dàrna dòigh as cumanta air naidheachdan fhaighinn às dèidh telebhisean (62%).
- A' mhòr-chuid de dhaoine òga aois 12-15 a bhios a' leantainn nan naidheachdan air meadhanan sòisealta a' togail ceist mu na tha iad a' faicinn. Tha a' mhòr-chuid ag ràdh

gun dèanadh iad co-dhiù aon oidhirp phractaigeach gus fhaighinn a-mach co-dhiù a bha sgeulachd sna naidheachdan fìor.

4. Faighnich dha na daoine òga – *ciamar a tha fios agad nach eil rud fìor? Ciamar a gheibh thu a-mach le cinnt?* Às dèidh fios-air-ais sgaoil/theirig tro na 10 puingeann an seo: **How to spot misinformation**/Full Fact Toolkit <https://fullfact.org/toolkit/> a' faighinn a-mach an cleachdadh na daoine òga gin dhiubh.
5. **Grumadh air-loidhne.** Gluais an fhòcas mar seo: Mar a dh'fhaodas naidheachdan a bhith neo-fhìor, faodaidh agus daoine, agus bidh iad a' feuchainn ri daoine òga a mhealladh gus rudan a dheanamh. Bidh deagh theansa ann gum bi na daoine òga air cluinntinn mu ghrumadh air-loidhne. Coimheadaibh am film: **Say No!** (faid 10 mion. 39) <https://vimeo.com/251474753> (NÒTA: Bhon as e film Èireannach a tha seo, thathar a' bruidhinn air a' Ghardaì, Poileas na h-Èireann. Tro chòmhradh dèan cinnteach gu bheil fios aig daoine òga co thuig' a tha còir aca a dhol.
6. Às dèidh còmhradh seall an slaighd airson dèanamh cinnteach à tuigse.

Grumadh air-loidhne Tha grumadh a' ciallachadh gum bi neach a' togail dàimh air-loidhne le neach òg agus gam mealladh gus rudan feiseil a dhèanamh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh chòmhradh feiseil air-loidhne no tro theachdaireachdan teacs, a' cur dhealbhan no ìomhaighean rùisgte, a' dèanamh rudan feiseil beò air camara-lìn no a' coinneachadh ri neach. Ma chuireas tu dealbhan no bhidiothan feiseil dhìot fhèin gu neach eile, caillidh tu smachd air na thachras dhaibh. Ma thachras seo, chan eil e aig àm sam bith ro fhadalach airson stad a chur air. Bruidhinn ri inbheach earbsach. No cuir fios gu seirbheis dhìomhair Childline.

7. **Misneachail.** Ged a tha tiotal an fhilm seo a-mach air burraidheachd air-loidhne, tha e san fharsaingeachd mu bhith a' dèiligeadh ri eolàsan mì-dheimhinneach air-loidhne. Coimheadaibh am film agus cuir cuideam air a' phuig mu bhith a' bruidhinn ri cuideigin as aithne dhut. Film: *Building confidence after online bullying* <https://youtu.be/9HocoOVVUDY> (2 mhion. 52)
8. **Mise air-loidhne: Fios a bhiodh air a bhith feumail dhomh ... Mo chomhairle dhomh fhìn a-nis ...** Seall an slaighd agus iarr air na daoine òga obrachadh còmhla ri caraidean, le fios-air-ais airson còmhradh a bhrosnachadh.

Mise air-loidhne: Fios a bhiodh air a bhith feumail dhomh ... Mo chomhairle dhomh fhìn a-nis ...

Obraich còmhla ri caraidean agus smaoinich air còig pìosan comhairle mu bhith air-loidhne a bhiodh feumail dhutsa nuair a bha thu na b' òige. An uair sin 5 pìosan comhairle a bheireadh tu dhut fhèin a-nis mu bhith a' faighinn na cuid as fheàrr bho bhith a' cleachdadh an eadar-lìn.

9. Ma tha ùine ann, seall am film goirid mu dheireadh mar eisimpleir eile de ghrumadh air-loidhne, tha e a' daingneachadh na teachdaireachd gum bu chòir earbsa a bhith aig daoine òga annta fhèin mura h-eil rudeigin a' faireachdainn ceart. Coimheadaibh **Listen to your selfie** <https://youtu.be/TcMd468Pqbs> (3 mion. 16) 'S e dràma ghoirid a tha seo mu mar a thachair do dhuine òg.

- 10.** Mu dheireadh stiùir daoine òga chun nan duilleagan seo ma tha fiosrachadh no comhairle a dhìth orra: <https://www.childnet.com/young-people/secondary> agus seall an slaighd mu dheireadh le brosnachadh taic a shireadh ma tha e a dhìth orra.

Leudaich air d' ionnsachadh sa chlas tro craoladh beò le goireasan #LiveSkills bho Sgioba Foghlaim CEOP

'S e paca goireasan a th' ann an #LiveSkills stèidhichte air craoladh beò, fear de na cur-seachadan air-loidhne as cumanta do dhaoine òga. Tha e a' sgrùdadh fheartan craoladh beò agus na cunnartan sònraichte a dh'fhaodas a bhith ann do dhaoine òga. Tha e a' gabhail a-steach:

- Sgrùdadh craoladh beò do dhaoine òga aois 13+ air eisimpleir de dhroch-dhiol fheiseil air neach òg tro craoladh beò.
- Artigil do dhaoine òga aois 11-18 a' coimhead gu mionaideach air làimhseachadh cur cuideam/sàrachadh air-loidhne.
- Taisbeanadh 30 mion. a dh'fhaid do phàrantan/luchd-cùraim a' mìneachadh dè th' ann an craoladh beò, na cunnartan do dhaoine òga agus stiùireadh airson an cumail sàbhailte. Gabhaidh seo atharrachadh airson a lìbhrigeadh do phròifeiseantaich.

Gheibhear cuideachd stiùireadh mionaideach mu lìbhrigeadh gach seisean agus duilleagan fiosrachaidh do phròifeiseantaich agus do phàrantan agus luchd-cùraim.

<https://www.thinkuknow.co.uk/professionals/resources/live-streaming/>

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun leasan seo:

San sgoil tha sinn a' bruidhinn agus ag ionnsachadh mu bhith air-loidhne. Bidh sinn a' coimhead air rudan a tha fuadain – naidheachdan fuadain no nuair nach bi daoine fìor san dol-a-mach aca. 'S e an t-amas daoin' òga a chuideachadh gu bhith misneachail a' cleachdadh an eadar-lìn agus a bhith sàbhailte agus toilichte ga dhèanamh. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil daoin' òga a' sior fhàs nas neo-eisimeile air-loidhne, ach mar phàrantan agus luchd-cùraim, bheireadh sinn taic dhuibh nur n-oidhirpean cumail suas ri cleachdadh eadar-lìn ur pàiste – tha iad fhathast feumach air taic agus stiùireadh agus cinnt gum bi sibh ann dhaibh ma thèid cùisean ceàrr.

Tha **Childnet International** a' tabhann fiosrachadh do phàrantan agus luchd-cùraim airson an cuid chloinne a chumail sàbhailte air-loidhne <https://www.childnet.com/parents-and-carers>

'S urrainn dhuibh ur pàiste a stiùireadh chun nan duilleagan cuideachail seo ma tha iad a' coimhead airson taic agus fiosrachadh mu rud sam bith co-cheangailte ri bhith air-loidhne:

<https://www.childnet.com/young-people/secondary>

Nòtaichean Tidseir

S